

GNIOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

Is urrainn dhomh taigh-dubh aithneachadh agus bruidhinn mu dheidhinn na feartan aig taigh den t-seòrsa seo:

Tadhal air Taigh-dubh Àrnoil/ an taigh bho na 50an agus dèan dealbh den taobh a-staigh agus den taobh a-muigh.

Ionnsachadh Gnìomhach

- Dèan modail de thaigh dubh a' cleachdadh stuthan nàdarraich a tha thu air cruinneachadh.
- Beachdaich air na stuthan seo agus carson a chaidh an cleachdadh.
- Beachdaich air cò às a thàinig na stuthan seo.
- Beachdaich air structar a' mhodail gus dèanamh cinnteach gu bheil e làidir.
- Stèidhichte air na slatan tomhais againn is urrainn dhomh liosta a dhèanamh airson dearbhadh dè cho seasmhach 's a tha taighean-dubha nam buidhnean eile
- Cruthaich liosta de shlatan tomhais stèidhichte air an eòlas a tha agam mu na stuthan a chaidh a chleachdadh airson taigh-dubh a thogail.
- Cruthaich measadh gus dearbhadh dè cho làidir sa tha an taigh-dubh agam.
- Dèan measadh air obair nam buidhnean eile.

Is urrainn dhomh mineachadh agus coimeas a dhèanamh air dòigh-beatha leanaibh ann am meadhan an 20mh linn agus an seòrsa beatha a tha agam fhìn.

Is urrainn dhomh sgeulachd chruthachail a sgrìobhadh stèidhichte air an eòlas a tha agam air an àm sin ann an eachdraidh. Bidh an sgeulachd seo mu dheidhinn aon là ann am beatha leanaibh, a tha an aon aois rium fhìn, agus a bha a' fuireach ann an taigh-dubh.

Bu chòir iomradh a thoirt air na leanas:

- Cur-seachadan.
- An obair taice a bha iad a' dèanamh aig an taigh.
- A' frithealadh na sgoile

CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Ciamar a tha an taigh-dubh/taigh geal eadar-dhealaichte bho na taighean anns a bheil sinn a' fuireach an-diugh?

Dè an obair a bhios tu a' dèanamh airson taic a thoirt seachad aig an taigh agad fhèin?

Dè seòrsa obraichean a bhiodh clann, den aois agad fhèin, a' dèanamh ann an taigh-dubh?

Ciamar a bha iad a' dèanamh cinnteach nach tuiteadh na ballachan?

Ciamar a bha leanabh, dhan aon aois riut fhèin, a' cuir seachad là an am meadhan an 19linn.

Dè seòrsa cur seachadan a bha aca?

Dè na obraichean a dh'fheumadh a bhith air a dhèanamh am broinn an taigh-dubh?

Dè na obraichean a dh'fheumadh a bhith air a dhèanamh a-muigh?

Ciamar a bha clann ag ionnsachadh mar a sgrìobhadh agus mar a leughadh iad?



EÒLASAN IS BUILEAN

'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.


SOC 2-01a

'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a-mach mar a tha tachartasan àraidh no obair dhaoine no buidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h-Alba.

SOC 2-03

'S urrainn dhomh faighinn a mach mar a tha goireas cumanta air atharrachadh thar ùine, airson mothachadh fhaotainn air ceangal eadar adhartasan teicneolasach agus saidheansail.

TCH 2-01



CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

<https://www.historicenvironment.scot/visit-a-place/places/the-blackhouse-arnol/>

<https://www.visitscotland.com/info/see-do/the-blackhouse-arnol-p253021>

